

5/12/24, Glaschu

*Dreach geàrr-chunntas*

Bòrd: Iain Moireasdan [sa Chathair], Calum Steele, Lachlan Peel, Rhoda NicDhòmhnail, Marion Nic na Ceàrdaich, Ingrid NicEanraig (air-loidhne), Daibhidh Byrne, Catriona Mhoireach (suas gu puing 6)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)  
Scott Smyth [SS] (Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd – 7 & 8)  
Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)  
Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlais & Oighreachd) - 5-deireadh

An làthair: Mairead Màiri Moireach [MM] Ceannard Craolaidh Gàidhlig & Caidreachas (BBC) - puingean 4 & 5

**1. Leisgeulan**

1.1 Calum MacLeòid.

**2. Gnothach dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh (26/9/24)**

3.1 Aontaichte.

**4. Seirbheisean Compàirteachais - BBC ALBA**

4.1 Chaidh innse gu robh Stiùiriche ùr a' BhBC ann an Alba a' toirt taing airson an fhiathachaidh a fhuair i chun choinneimh agus gu robh i a' coimhead air adhart ri bhith a' coinneachadh ris a' Bhòrd aig coinneamh ann an ùine nach biodh fada.

4.2 Bha pàipearan air beulaibh bhall a' toirt fianais don Bhòrd mu chuspairean a tha fo ghnìomh taobh a-staigh co-bhanntachd BBC ALBA. Thugar sùil air showreel phrògraman, taisbeanadh

air luchd-amhairc, rannsachadh TRP agus fios às ùr air ùrachadh na co-bhanntachd. B' iad na prìomh phuingeann deasbaid:

- 4.3 Leis a' chunntas-sluaigh 2022 a' nochdadh atharrachaidhean sònraichte ann an cumadh deamografach luchd-labhairt na Gàidhlig, a' nochdadh pàtrain luchd-amhairc a tha ag atharrachadh, bha aithne ann gu feumar susbaint a dhèanamh dhaibhsan air na h-ùrlaran far a bheil iad fhads aig an aon àm a' seirbheasachadh a' phrìomh luchd-amhairc.
- 4.4 Chaidh bruidhinn mu na ceistean a thathas a' cur air pannel TRP agus mar a tha iad a' rannsachadh a' cheist a bheil gu leòr susbaint Gàidhlig ann.
- 4.5 Tha obair a' leantainn a thaobh margaidheachd agus algairimean airson an iPlayer, le cùisean a' gluasad an taobh cheart ach ann an àrainneachd air leth farpaiseach. Bidh An t-Eilean na eisimpleir mhath air dè a dh'fhaodadh tighinn às.
- 4.6 Le toraidhean lèirmheas na Co-bhanntachd air beulaibh bhall, bha fàilte air an naidheachd gum bi Àrd-Oifigear a' BhBC an làthair aig tachartas Dover House agus thèid coimhead ris a' Mhèorachan Còrdaidh (MoU) a shoidhnigeadh tràth san Fhaoilleach.
- 4.7 **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na taisbeanaidhean agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail air gnothaichean co-cheangailte le BBC ALBA, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus riarachaidh mun t-slighe air adhart airson BBC ALBA.

## **5. Seirbheisean Compàirteachais - SpeakGaelic & LearnGaelic**

- 5.1 Aig a' choinneimh mu dheireadh, ghabh buill ris an ro-innleachd trì bliadhna. Chaidh aontachadh cuideachd gun deigheadh coimhead air modailean libhrigidh ùr-nòsach airson na h-ama ri teachd, far am faodadh uallaichean ionnsachaidh tuiteam ann an diofar dhòighean air diofar bhuidhnean, fiùs tro mhodail chompanaidh fa leth a dh'fhaodadh a bhith mar charantas.
- 5.2 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh gu bheil oifigearan ag ullachadh plana Ionnsachaidh airson meadhanan didseatach Gàidhlig airson 2025-26, 2026-27, 2027-28.
- 5.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachaidh.
- 5.4 **Gnìomh**: thig Plana Ro-innleachdail agus structural chun na h-ath choinneimh. [\(DC\)](#)

## **6. Seirbheisean Compàirteachais - FilmG**

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh san fharsaingeachd a thaobh na co-fharpais, le fiosrachadh cuideachd gum bithear, ro dheireadh na bliadhna, a' dol a-mach gu tagradh airson companaidh a libhrigeas FilmG airson na 3 bliadhna bho Giblean 2025 gu Màrt 2028.

- 6.2 Chaidh a dhearbhadh gu bheil na sgoiltean a' faicinn FilmG mar rud luachmhor sa churraicealam.
- 6.3 Chaidh a dhearbhadh gu bheileas a' coimhead ris an tasglann (an làrach-lin) a neartachadh.
- 6.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail don aithris, dhearbhadh am Bòrd gu robh cothrom aca togail air a' chuspair agus gu robh iad fiosraichte.

## 7. Aithris a' Chathraiche

- 7.1 Dh'innse an Cathraiche mu na coinneamhan agus tachartasan anns an robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.
- 7.2 Chaidh coinneachadh ri luchd-obrach MG ALBA agus a' BhBC ann an Steòrnabhagh a thaobh ùrachadh na Co-bhanntachd. Thèid an aon seòrsa tachartasan a chumail ann an Glaschu agus Inbhir Nis cuideachd.
- 7.3 Chaidh coinneachadh ri Ofcom far an deach argamaid a dhèanamh a thaobh cion airgid agus leanaidh conaltradh.
- 7.4 Bhathas an làthair aig tachartas SMO Co-labhairt Toraidhean a' Chunntas Sluaigh.
- 7.5 Bhathas mar cho-aoigh airson braicist a chaidh a chumail an Lunnainn leis an Leas-Phrìomh Mhinistear a bha a' coimhead ri buidhnean le ceangal gu eaconomaidh na Gàidhlig.
- 7.6 Chaidh coinneachadh ri Comunn Gàidhlig Inbhir Nis mu obair MG ALBA.
- 7.7 Chaidh tachartas Na Trads air leth math.
- 7.8 Thèid tachartas Dover house a chumail air 9/12/24 far an tèid bruidhinn mun aonta eadar MG ALBA agus am BBC agus bidh cothrom ann puingeann poilitigeach a dhèanamh.
- 7.9 Tha litrichean a' leantainn gu ministearan na riaghaltasan.
- 7.10 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidh.

## 8. A dh'ionnsaigh Plana-obrach 3 bliadhna

- 8.1 Chaidh sgrùdadh SWOT a chumail leis a' Bhòrd agus Ceannardan ron choinneamh Bùird mu dheireadh, agus an uair sin le diofar bhuidhnean de luchd-obrach. Thug SS seachad taisbeanadh air na toraidhean sin, a' mìneachadh na thàinig am bàrr san SWOT.
- 8.2 Chaidh deasbad a chumail a thaobh nan trì prìomh dhùbhlain a tha ro chraoladh Gàidhlig an-dràsta:
- gach seachdain chan eileas a' ruighinn trian den luchd-amhairc air a bheileas ag amas (an treas a tha a dhìth);
  - tha mì-chinnt ann mu cò air a bheil uallach airson maoinachadh agus
  - tha an roinn solarachaidh chruthachail fo uallach.

- 8.3 Am measg nam prìomh phuingean deasbaid bha na leanas:
- 8.4 Dè an ròl a bhios aig a' BhBC airson nam mion-chànanan fo Chairt ùr a' BhBC, agus dè bhios sin a' ciallachadh airson MG ALBA – an e a bhith ag obair còmhla air na h-aon rudan, no a bhith ag obair còmhla ach air diofar prìomhachasan agus airson diofar luchd-amais?
- 8.5 Gus modail a dhèanamh maireannach, dh'fheumadh aontaidhean ùr airson a' BhBC dèanamh cinnteach gu robh maoin agus goireas gu leòr ann gus leigeil le seirbheis Gàidhlig iomchaidh a thoirt seachad.
- 8.6 'S ann còmhla ris a' BhBC às fheàrr a dheidheadh rannsachadh a dhèanamh air dè na fuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann airson dùbhlain ionmhasail agus luchd-coimhid.
- 8.7 'S an t-seagh sin, bha aithne ann nach eil na meadhanan Gàidhlig gach seachdain a' ruighinn an tritheamh cuid den luchd-amais Gàidhlig. Chaidh aithneachadh nach robh e comasach do aona bhrannnd leithid BhBC ALBA a bhith a' freagairt air a h-uile duine, agus gu robh feum san latha an-diugh air iomadh brannd agus a bhith an làthair air na h-ùrlaran uile far a bheil an luchd-amais.
- 8.8 Bha ceist ann an e maoinachadh an aona chnap-starra, agus chaidh aithneachadh gu robh feum air ro- innleachdan ceart a thaobh susbaint, margaidheachd, brannd agus ùrlaran. An lùib an fhuasglaidh, dh'fheumadh tuigse a bhith ann air cànan, gnothaichean coimearsalta, eaconamaidh, foghlam agus daoine òga.
- 8.9 Bha aonta ann gu robh feum air atharrachadh ùr-ghnàthachais, le aithne gu bheil mòran nithean ann air nach eil smachd aig MG ALBA, ged a dh'fhaodadh buaidh a bhith againn.
- 8.10 Chaidh moladh an tuilleadh obrachaidh a dhèanamh le na craoladairean mion-chànain eile agus leithid Circom gus na ceistean a thaobh a bhith a' cumail daoine òga.
- 8.11 **Co-dhùnadh:** aonta ann gu feum an cuspair barrachd deasbaid.
- 8.12 **Gnìomh:** 1) thèid an taisbeanadh agus toraidhean na bùthan-obrach a cho-roinn le buill (**SS**); 2) thèid coinneamh shònraichte a chumail, air Teams, air 28/1/25 airson plana aona-bhliadhna airson adhbharan buidseit agus coinneamh shònraichte eile, le buill an làthair còmhla, sa chiad cola-deug den Ghearrain gus coimhead ris an fhad ùine agus plana trì bliadhna (**MAMI**); 3) thèid smaoinachadh air dòigh ro-innleachd iomchaidh a chruthachadh airson nan gnìomhachasan cruthachail nuair a thòisicheas an Stiùiriche ùr san Fhaoilleach.

## 9. Comataidhean

### *Comataidh Lèirsinn*

- 9.1 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 5/11/24.

9.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

*Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh*

9.3 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fairear do gheàrr-chunntas de choinneamh 7/11/24.

9.4 Chomharraich buill Aithisg Bhliadhnail Slàinte & Sàbhailteachd 2023/24, a bha air a chur air adhart leis a' Chomataidh.

9.5 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

**10. Aithisg an AO & an Stiùiriche Susbaint**

10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh an-dràsta.

10.2 Thuirt DC gu robhas mar phrìomhachas a' coimhead ri obair agus sgiobaidhean didseatach / ionnsachaidh / telebhisein a thoirt còmhla.

10.3 Thathas a' cur am buidheann ùr Buidheann Stiùiridh Fàire (no Buidheann Obrach Òigridh) agus am Buidheann Leasachaidh Leantainneach (Continuous Improvement Group) aig teismheadhan ar n-iomairt gus guth èifeachdach ("effective voice") a thoirt do luchd-obrach (rud a tha an *Fair Work Convention* a' moladh)". Bidh riochdaire bho gach buidheann a' frithealadh choinneamhan an Àrd-Sgioba Gnìomh agus a' Bhùird.

10.4 Tha diofar fòrman in-taigh, leithid, Buidheann Riosg Chorpóra (Corporate Risk Group) agus Buidheann Slàinte agus Sunnd (Wellbeing), a' cuideachadh oifigearan ann a bhith a' gabhail comhairle agus molaidhean bhon luchd-obrach.

10.5 Thèid beachdachadh leis a' Chomhairliche HR a bheil feum air Comhairle Luchd-obrach (Employee Council) agus thèid coimhead air am biodh buannachd ann nam biodh aona bhall air ainmeachadh mar churaidh luchd-obrach (staff champion).

10.6 Le laghan ùra air a thighinn a-steach a thaobh sàrachadh san àite-obrach (Workplace Harassment), chaidh innse gu bheil manaidsearan an-dràsta a' dèanamh trèanadh agus thèid an trèanadh an uair sin a sgaoileadh chun luchd-obrach air fad. Thèid beachdachadh air am biodh e iomchaidh don Bhòrd an trèanadh a dhèanamh.

10.7 Leis gu bheil am buidheann trang agus iarratach a thaobh dèanadas, tha sùil dha chumail air suirbhidhean *pulse* agus a bhith ag aithneachadh an diofar eadar a bhith trang agus a' fulang le ro-uallach.

- 10.8 Chaidh innse gun do dh'aontaich an SWPL tairgse MG ALBA airson còraichean trì bliadhna, a thuilleadh air beachdan beaga airson rèite (subject to minor comments). Thig cùmhnant a thaobh riochdachadh spòrs air beulaibh a' Bhùird san Earrach 2025
- 10.9 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO agus an Stiùiriche Susbaint, dhearbhadh am Bòrd gun do ghabh iad fairear.
- 10.10 **Gnìomh:** 1) thèid rannsachadh a chumail air cuspairean ainmichte aig 10.5 agus thèid molaidhean chun Chomataidh Lèirsinn. (MAMI)

## 11. Dèanadas agus Cunntasan Q2

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air coileantachd amasan (KPIs) MG ALBA, a' Phlana Obrachaidh bliadhna; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhna.
- 11.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

## 12. Co-ionannachd, Iomadh agus In-ghabhaltas (EDI)

- 12.1 Bha dùil gum biodh aithisg an luchd-sgrùdaidh deiseil airson na coinneimh. Airson adhbharan taobh a-muigh smachd na buidhne, chan eil toraidhean na h-aithisg rim faighinn fhathast.
- 12.2 **Gnìomh:** thig an aithisg chun na h-ath choinneimh. (MAMI)

## 13. Slighe gu Net Zero (P2NZ)

- 13.1 Bha pàipear agus dreachd Plana 10 bliadhna P2NZ air beulaibh bhall.
- 13.2 Tha am Plana a' coimhead air rudan geàrr-ùine a nì diofar an-dràsta agus air pròiseactan mòra a bhios riatanach ma tha MG ALBA gu bhith a' coileanadh ar n-amas san fhad-ùine.
- 13.3 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fairear a ghabhail do na puingeann a tha sa pàipear agus deasbad a chumail dhearbhadh am Bòrd gu robh iad air dreachd Plana Slighe gu Net Zero 10 bliadhna a chur fo cheasnachadh agus dh'iarr iad gun tilleadh tionndadh deireannach den Phlana airson aonta fhoirmeil aig an ath choinneimh.
- 13.4 **Gnìomh:** thig am plana airson aonta fhoirmeil chun na h-ath choinneimh. (UML)

## 14. Meatraigs Riosg

- 14.1 Bha pàipearan air beulaibh bhall ag innse gun deach clàr Riosgan agus am Frèam-obrach Dearbhaidh a dheasbad leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh air 12/9/24. Bha a' Chomataidh riarachta le cùisean.

14.2 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill faineir a ghabhail do na puingean a thog a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh mun Chlàr Riosgan agus am Frèam-obrach Dearbhaidh; Dhearbh am Bòrd gu robh iad riarachtaichte gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-ìomchaidh agus, chun na h-ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gnìomh no le leasachadh.

## 15. Ùghdarras phrògraman

15.1 Bha dà phàipear air beulaibh bhall.

15.2 *Moladh a h-aon* – gun toir am Bòrd seachad ùghdarras airson [fios glèidhte] a chosg air coimisean airson mu 15 mionaidean de dhràma airson sgeama an EBU 2025.

15.3 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus ged nach robh companaidh riochdachaidh fhathast air ainmeachadh, thug am Bòrd ùghdarras seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson Dràma Ghoirid an EBU 2025.

15.4 *Moladh a dhà* - gun toir am Bòrd seachad ùghdarras airson [fios glèidhte] a bharrachd a chosg air Cocain Is Na Klondykers (a tha mar-thà fo chùmhnannt) gus am prògram a dhèanamh nas ghleansaiche. Bheir seo cosgais iomlan a' phrògram gu [fios glèidhte] san uair.

15.5 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail thug am Bòrd ùghdarras seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson Cocain Is Na Klondykers.

## 16. GISBE

16.1 Tha dùil gun tadhal buill Chomataidh Cùisean Albannach (Scottish Affairs Committee) air MG ALBA ann an Steòrnabhagh air 11/12/24.

16.2 Chaidh meal-a-naidheachd a chur air co-obrachaidhean SpeakGaelic a bhruidhinn aig co-labhairt ann San Sebastian.

17. **Deit na h-ath choinneimh** – coinneamhan 2025 aontaichte agus thèid an co-roinn. (MAMI)